



National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

X832/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Gàidhlig
Practical Criticism

Ùine — 1 uair agus 30 mionaid

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

Baile nam Baidhsagal?

- Nuair a thàinig mi a dh'fhuireach ann an Glaschu chuir mi romham an rothair a chleachdadh cho tric 's a b' urrainn dhomh. Reic mi an càr agam. Bha Comhairle Baile Ghlaschu air sgeama rothaireachd a chur air bhog agus bha mi fhèin mothachail nach robh mi cho fallain 's a b' àbhaist. Tha 400 rothair rim faighinn air mhàl tron sgeama, a' mhòr-chuid dhiubh ann am meadhan agus
- 5 air Taobh an Iar a' bhaile. Ged nach eil am bun-structair rothaireachd ann an Glaschu idir cho leasaichte ris na th' aca ann an cuid de dhùthchannan Eòrpach, bha mi den bheachd gun còrdadh e rium na b' fheàrr a bhith air an rothair seach air bus mì-chàilear 's dràibhear gruamach aig a' chuibhle.
- Ach thuig mi gu luath gun robh mi air mearachd a dhèanamh.
- 10 Cha robh tlachd sam bith ann a bhith a' sabaid ris na carbadan 4x4 a tha cho pailt a-nis agus na làraidhean tomadach, cunnartach a bha a' strì rium air gach taobh. Chan ann orm fhèin a-mhàin a bha iomagain mu shàbhailteachd rothaireachd agus chaill mise, mar mhòran eile, mo mhisneachd. Aon latha chaidh mo leagail le càr agus, ged nach deach mo dhroch leòn, ghèill mi ris an nàmhaid agus chan fhaca an rothair solas an latha bhon uair sin.
- 15 Chuir mi seachad beagan làithean ann an Amsterdam as t-fhoghar — baile a tha cliùiteach airson rothaireachd. An sin, bhiodh e neo-àbhaisteach siubhal ann an dòigh sam bith eile. Tha an Òlaind gu math rèidh, eu-coltach ri Alba. Tha àiteachan-pàrcaidh do chàraichean sa bhaile eagalach cosgail. Ach 's e na rathaidean a tha a' dèanamh an diofair nam bheachdsa. Tha slighean fa-leth ann do rothairean. Air rothair ann an Amsterdam, bha mi a' faireachdainn gun robh a cheart
- 20 uimhir de chòir agam a bhith a' cleachdadh nan rathaidean àbhaisteach 's a bh' aig na càraichean — fiù 's tuilleadh — oir bha barrachd dhaoine mun cuairt orm air dà chuibhle na bha air ceithir.
- Tha Comhairle Baile Ghlaschu a' cumail a-mach gu bheil rothaireachd cudromach dhi. Gu dearbh, bhiodh barrachd rothaireachd na buannachd mhòr do mhuintir Ghlaschu, baile a tha gu tric a' nochdadh aig bonn chlàran-slàinte agus dùil-aoise. A rèir stiùireadh-slàinte, bu chòir do
- 25 dh'ìnbhich leth-uair a thìde de dh'eacarsaich a dhèanamh, còig tursan san t-seachdain. Nan cleachdadh daoine rothair 's iad a' dol don àite-obrach aca no do na bùthan, 's e dòigh fhurasta a bhiodh ann an t-amas-eacarsaich seo a choileanadh. Gu follaiseach, cha bhiodh tuilleadh rothaireachd a' fuasgladh thrioblaidean-slàinte a' bhaile air fad, ach 's e toiseach-tòiseachaidh a bhiodh ann.
- 30 Tha a' Chomhairle a' cumail a-mach gu bheil i air leth taiceil dha rothaireachd agus gu bheil i air £15 millean a chosg air slighean-rothaireachd. Ìomhaigh gun bhrìgh! 'S i firinn na cùise nach e slighean ùra a tha seo ach gun deach loidhne 's dealbh rothair a pheantadh air rathaidean chàraichean. Agus chan eil na "slighean-rothaireachd" sin air an gleidheadh airson rothaireachd idir; tha e ceadaichte do dhràibhear-chàraichean pàirceadh orra! Tha Riaghaltas na h-Alba ag
- 35 amas gum bi co-dhiù deich às a' cheud de thursan air an dèanamh air rothair, ach tha luchd-iomairt rothaireachd a' gabhail dragh nach tèid an t-amas a choileanadh ann an Glaschu mura bi maoineachadh no bun-structair ceart ann.
- Ma tha a' Chomhairle dha-rìribh airson an t-amas seo a choileanadh, feumaidh i fìor oidhirp a dhèanamh bun-structair sàbhailte, iomchaidh a chruthachadh. Ma nì i sin, tha mi làn chinnteach
- 40 gun tagh barrachd de mhuintir Ghlaschu dòigh-siubhail a tha nas saoire, nas fhallainne is nas fheàrr dhan àrainneachd. Aig a' cheann thall, bidh seo nas tlachdmhoire dhan a h-uile duine. 'S ann an uair sin a bhios mi fhèin a' siubhal le dà chuibhle fodham a-rithist.

Stèidhichte air artaigil a sgrìobh Rona NicDhùghaill

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. Seall le fianais, mar a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh faireachdainnean anns a' chiad dà pharagraf. 2

2. Mìnich mar a tha an sgrìobhadair a' cur ìomhaigheachd gu feum ann an loidhnichean 10–14. 2

3. Tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn mar a chaidh dhi air rothair ann an Glaschu agus ann an Amsterdam. Dèan coimeas eadar na faireachdainnean a tha a' nochdadh mun dà bhaile ann am paragrafan 3 agus 4. Cleachd fianais gus taic a chur ri do fhreagairt. 2

4. Beachdaich air mar a tha an abairt “ 's e toiseach-tòiseachaidh a bhiodh ann.” freagarrach mar cho-dhùnadh dha pharagraf 5. Cleachd fianais gus taic a thoirt dha do fhreagairt. 3

5. Le bhith a' cleachdadh fianais, seall mar a tha structar agus puingeachadh air an cleachdadh ann am paragraf 6 gus argamaid an sgrìobhadair a neartachadh. 2

6. Nad bheachdsa, seall dè cho cothromach 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' beachdachadh air a' chuspair seo. Cleachd fianais às an artaigil nad fhreagairt. 2

7. Nad bheachdsa, seall mar a tha stoidhle an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a' cur a' ghnothaich seo mu choinneamh an leughadair. Cleachd fianais às an artaigil nad fhreagairt ach gun a bhith a' togail air na sgrìobh thu ann am freagairtean eile. 2

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

Am fear a chaidh a dh'Astràilia

Cha thill thu tuilleadh à Astràilia.
Tha thu far a bheil thu 's bidh.
Am measg fhàsaichean donna do bheatha.

5 Na do bhrudaran chì thu Alba nan aibhnichean glan',
gleanntan, beanntan; cluinnidh tu an ceòl
a dh'fhàg thu uair airson na dùthcha sin.

Rinn thu do roghainn: a bhith beò
ann an saoghal eile, a' cluinntinn eòin eile.
Chan eil nì a bhriseas do ghealladh.

10 Ged nach robh eòlas agad air an àite sin
no a' bheatha a bha romhad,
tharraingeadh ann thu. An talamh tioram lom.

Dè an t-aodann a tha thu a-nis a' faicinn
tron duslach choimheach san sgàthan sgàint'?

15 Ach d' aodann fhèin, cho briste ris an fhonn.

Stèidhichte air bàrdachd le Iain Mac a' Ghobhainn

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

- | | | |
|-----|--|---|
| 8. | Le bhith a' togail air taghadh-facail, seall mar a tha diofar fhaireachdainnean air an cruthachadh anns a' chiad dà rann. (loidhnichean 1–6) | 2 |
| 9. | Dè tha am bàrd a' dèanamh soilleir mun t-suidheachadh anns an robh an duine sa bhàrdachd mus do ghluais e a dh'Astràilia? Mìnich do fhreagairt le fianais às an teasca. (loidhnichean 7–9) | 3 |
| 10. | Seall mar a tha am bàrd a' cur diofar ìomhaighean leantainneach gu feum tron bhàrdachd air fad. | 3 |
| 11. | Seall mar a tha am bàrd a' cur ris an dàn gu lèir le bhith a' cleachdadh sgilean-teicnigeach eile. Dh'fhaodadh tu togail air stoidhle, structar, comhardadh, no uaim nad fhreagairt. | 3 |
| 12. | Beachdaich air cho cothromach 's a tha am bàrd a thaobh mar a tha e a' faicinn beatha an neach ann an Astràilia. Cleachd fianais nad fhreagairt. | 2 |
| 13. | Nad bheachdsa, dè an teachdaireachd a tha anns an dàn seo is dè cho èifeachdach 's a tha am bàrd ann a bhith ga cur an cèill? Cleachd fianais nad fhreagairt. | 2 |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Acknowledgement of copyright

Text 1 Article by Rhona NicDhùghaill is adapted from danamag.org. Reproduced by kind permission of Rhona NicDùghaill.

Text 2 Poem, “Am Fea a chaid a dh’Australia” by Iain Crichton Smith. Published by Acair Books Ltd.
© 2013, Acair, *A’ Bhàrdachd Ghàidhlig*